

Eadar an Saoghal 's a' Bhiothbhan

Thòisich Urras Shomhairle ann an 2006 pròiseact lèirsinneach a bheireadh bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain fa comhair sluagh nas motha:

- A' barantachadh nan sgrìobhadairean ciùil traidiseanta as fheàrr gus ceòl a chur ri cuid de na dàin aig Somhairle no gus ceòl ùr a sgrìobhadh air a bhrosnachadh le obair Shomhairle
- A' stèidheachadh Greis-còmhnaidh Gàidhlig agus Ciùil aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd sa Phloc gus obair còmhla ri oileanaich air a bhith cruthachadh ceòl stèidhichte air na dàin aig Somhairle agus air a bhith cruthachadh ceòl agus bàrdachd às ùr

Dh'fhastaidh An t-Urras Coinneach MacThòmais mar Stiùiriche a' Phròiseict agus dh'fhastaidh esan an uair sin an fheadhainn a bha air greis-còmhnaidh, na sgrìobhadairean ciùil agus an luchd-ciùil agus seinneadairean. Mar thoradh air seo bha prògram ann de chuid dhen cheòl as fheàrr a chaidh a sgrìobhadh o chionn bheagan bhliadhnaichean.

Chaidh cuirmean-ciùil a chumail san Òg-mhios sa Phloc, sa Ghearastan, ann am Port Rìgh, Sa Chlais Mhòr, ann an Inbhir Nis agus ann am Inbhir Pheofharain.

'S iad na sgrìobhadairean ciùil:

Màiri Anna NicUalraig
Blair Douglas
Marie-Louise Napier
Eilidh NicCoinnich
Ailean MacEanraig

Ailean Dòmhnallach
Dòmhnall Seathach
Louis de Paor agus John
Spillane
Coinneach MacThòmais

An ceòl air a thaisbeanadh le:

Seinneadairean

Jenna Chuimeineach
Kirsteen NicDhòmhnaill

Seumas Greumach
Alasdair Mac'IlBhàin

An luchd-ciùil

Màiri Anna NicUalraig
Christine Hanson
Jack Evans

Gordon Gunn
Brian McAlpine
Dougie Pincock

Còisearan

Còisir Ghàidhlig Inbhir Nis
Còisir Ghàidhlig Inbhir Pheofharain
Còisir Ghàidhlig an Òbain

Còisir Ghàidhlig an t-Sratha
Còisir Ghàidhlig
Mhealbhaich
Còisir Ghàidhlig an Luirg

Còisir Bun-sgoil Phort Rìgh
Còisir Ghàidhlig Òg Loch Abar

Deugairean Inbhir Nis

Greisean-còmhnaidh Sgoil a' Phluic

Ceòl: James Ross

Gàidhlig: Maoilios Caimbeul

B' iad na h-Oileanaich Ciùil:

Suzanne Houston
Lauren Weir
Coralea NicAoidh

Emma NicAonghais
Rachel Lincoln

Chaidh na cuirmean-ciùil a chlàradh airson an craoladh san àm ri teachd air Rèidio nan Gàidheal agus cluinnear iad an lùib clàr-ama na Nollaig / na Bliadhna Ùire. Thathar ag amas air CD fhoillseachadh cuideachd.

An Luchd-Urrais

Cha ghabhadh tachartas iomadh-fhillte mar seo a chumail às aonais iomadh neach-urrais agus neach-taic. Tha na h-Urrasairean a' toirt taing mhòr airson a' mhaoineachaidh a fhuair iad bho

Bòrd na Gàidhlig
Gàidhealtachd 2007
Pròiseact nan Ealan

Comunn na Gàidhlig
BBC Alba
Seirbheis nam Meadhanan

Comhairle Ealain na h-Alba
Colmcille
PRS Bunait airson ceòl ùr

Gàidhlig
Comhairle na Gàidhealtachd
Iomairt na Gàidhealtachd: Inbhir
Nis agus Taobh Sear na
Gàidhealtachd
Iomairt na Gàidhealtachd: An t-
Eilean Sgitheanach agus Rois an
Iar

Fhuaras tabhartas bho Cholmcille airson na h-obrach a rinn John Spillane agus Louis de Paor. Fhuaras tabhartas airson ceòl ùr bho Bunait PRS airson an ceòl a sgrìobh Màiri Anna NicUalraig.

Thàinig cuid de na sgrìobhadairean ciùil agus luchd-ciùil as fheàrr bho am measg nan Gàidheal còmhla gus an dìleab phrìseil a chomharrachadh a dh'fhàg am bàrd Gàidhlig as fheàrr – agus tòrr dhen bheachd gur e aon de na bàird às fheàrr ann an cànan sam bith – bhon fhicheadamh linn.

